

**1260/411**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2010

DIARDAOIN, 6 CÈITEAN  
1.00 F – 3.00 F

CRUINNEÒLAS  
AN ÌRE  
CHOITCHEANN  
Sàr Ìre

Bu chòir gach ceist fheuchainn.

Leugh na ceistean gu faiceallach. Bu chòir do na freagairtean agad buntainn gu dlùth ris a' cheist agus a bhith air an cur an cèill gu soilleir.


Gabhaidh comharraidhean a bharrachd a chosnadh le mapaichean-sgeidse agus diagraman a tha freagarrach.

Sgrìobh gu cuimir ann an dòigh a ghabhas leughadh, agus fàg rùm mu thimcheall aon cm eadar na sreathan-sgrìobhaidh.

Chaidh na mapaichean agus na diagraman gu lèir anns a' phàipear seo a chlà-bhualadh ann an dubh a-mhàin: cha deach dathan sam bith eile a chleachdadh.

1.

# Diagram Q1



## 1. (a' leantainn)

Tha a' cheist seo a' buntainn ris an Earrainn-Mhapa Tomhas Riaghaltais (Àir 1786/EXP367) de cheàrnaidh Dùn Phàrlain agus Diagram Q1 *air Duilleag a dhà*.

- (a) Lorg rathad Slighe Chladaich Fìobh eadar 134805 agus 140824.

Thoir cunntas air na buannachdan **agus** na h-eas bhuannachdan a th' aig an t-slighe seo do neach coisiche.

5

- (b) Dè na dòighean a dh'fhaodadh sgoilearan Cruinn-eòlais a chleachdadh airson fiosrachadh a chruinneachadh mu Phàirc Dhùthchail Townhill (0989)?

Thoir adhbharan airson do roghainn.

5

- (c) Dè na prìomh-chosnaidhean a th' ann an Dùn Phàrlain an-diugh?

Tagh bho: baile-sheirbheisean baile-thurasachd.

Cleachd fiosrachadh bhon mhapa airson taic a thoirt dha do fhreagairt.

4

- (d) Tha plana airson taighean ùra a' thogail ann an Ceàrnaidh X (mu thimcheall 120870) neo ann an Ceàrnaidh Y (mu thimcheall 082877).

Dè an suidheachadh as fheàrr?

Thoir adhbharan airson do fhreagairt.

5

- (e) **“Is e àite fìor-mhath airson tuathanachas a th' ann an Tuathanas Halbeath aig 126889.”**

A bheil thu ag aontachadh gu tur ris an aithris seo?

Thoir adhbharan airson do fhreagairt.

4



- (f) 'S e ionad gnìomhachais a th' ann am Pairc Eòrpach Ros Saoithe (110820).

**Mìnich** buannachdan an t-suidheachaidh seo.

4

[Tionndaidh an duilleag

## 2. Diagram Q2A: Lùb Aibhne


Diagram Q2B:  
Roinn tarsainn Lùb Aibhne

Seall air Diagraman Q2A agus Q2B.

**Minich** na diofar iomairt a tha dol air aghaidh anns an abhainn aig P agus Q.

4

## 3. Diagram Q3: Ana-chuaiirt èadhair anns An Roinn Eòrpa



Seall air Diagram Q3.

Thoir cunntas air an diofar seòrsa sìde eadar ana-chuaiirt èadhair as t-samhradh agus sa gheamhradh, mar a tha iad coltach **agus** eadar-dhealaichte.

4

4.


**Diagram Q4A:**  
Sòn Sahel, Afraga



**Diagram Q4B:**  
Àireamh Sluaigh (milleanan) ann an  
Dùthchannan Sahel

| Dùthaich | Bliadhna |      |      |
|----------|----------|------|------|
|          | 1950     | 1995 | 2005 |
| Etiopia  | 20       | 52   | 67   |
| Sudan    | 9        | 30   | 35   |
| Chad     | 3        | 6    | 9    |

**Diagram Q4C: Adhbharan Fàsachaidh**



Seall air Diagraman Q4A, Q4B agus Q4C.

**“Is e àireamh sluaigh am prìomh adhbhar airson fàsachadh.”**


A bheil thu ag aontachadh gu tur ris an aithris?

Thoir adhbharan airson do fhreagairt.

**[Tionndaidh an duilleag**

5.

## Diagram Q5: Leasachadh air Fearann Menie




Seall air Diagram Q5.


Tha fear-gnothaich à thall thairis a' dol a leasachadh **Fearann Menie** mar Raon-goilf àraid.

Dè na buannachdan **agus** na h-eas bhuannachdan a bhitheas aig an leasachadh seo airson na sgìre?

## 6. Diagram Q6A: Sòn Cleachdadh Fearainn ann an Ceàrnaidhean Bhàilteil



## Diagram Q6B: Atharrachadh Prìs Fearainn bho Mheadhan gu Iomall a' Bhaile



Seall air Diagraman Q6A agus Q6B.



Tagh **dà** sòn ri fhaicinn ann an Diagram Q6A. **Airson gach sòn a thagh thu**, thoir adhbharan airson na dòighean anns a bheil am fearann air a chleachdadh.

6



[Tionndaidh an duilleag

# 7. Diagram Q7: Teachd a-steach sa chiad aig Tuathanas Talamh Dearg

1980



2010



Seall air Diagram Q7.


Tha dòighean beò-shlaint an tuathanaich seo air atharrachadh bho 1980.

Thoir seachad adhbharan airson na h-atharrachaidhean seo.

6




8. **Diagram Q8A:**  
**Ceinia, Dùmhlachd Sluaigh**



CLÀR—Dùmhlachd sluaigh

Àrd Meadhanach Ìosal


**Diagram Q8B:**  
**Ceinia, Sileadh Uisge gach Bliadhna**



CLÀR—Sileadh uisge (mm)

Còrr is 1000 500–1000 Fo 500

**Diagram Q8C: Tuathanas agus Gnìomhachas**



CLÀR ■ Prìomh cheàrnaidhean gnìomhachais

■ Planntachas


■ Bàrr gràinne

■ Bàrr measgaichte agus stoc


Seall air Diagraman Q8A, Q8B agus Q8C.

**Mìnich** mu sgaoileadh sluaigh ann an Ceinia.

### 9. Diagram Q9A: Fàs sluaigh anns Na-Innseachan



### Diagram Q9B: Factairean co-cheangailte ri Àrdachadh Àireamh Sluaigh




Seall ri Diagraman Q9A agus Q9B.

**“Tha fàs sluaigh anns Na-Innseachan a’ dol a thoirt iomadh trioblaid dhan dùthaich.”**

A bheil thu ag aontachadh gu tur ris an aithris seo?

Thoir seachad adhbharan airson do fhreagairt.

10. Diagram Q10: Taghadh de Dhùthchannan fo Leasachadh far am bheil Aon Den Stòras amh a' deanamh suas Còrr is Leth den Às bhathar



Seall air Diagram Q10.

- (a) Dè na trioblaidean a tha an dòigh malairt seo a' dèanamh do dhùthchannan fo leasachadh?
- (b) Dè na dòighean **eile** a dh'fhaodar a chleachdadh airson am fiosrachadh mu às bhathar ann an Diagram Q10 a shealltainn?

Thoir adhbharan airson taghadh nan dòighean seo.

4

5

[Tionndaidh an duilleag airson Ceist 11 air *Duilleag a dhà deug*

11. Diagram Q11: Carthannachd a' toirt Cobhair do Dhùthchannan Fo Leasachadh

**act:onaid**

End poverty. Together.

**World Vision**

**WaterAid**

**Oxfam**

Seall air Diagram Q11.

Dè na dòighean anns a bheil cobhair bho charthannachd (saor-thoileach) freagarrach airson dùthchannan fo leasachadh?

4

[CRÌOCH A PHÀIPEIR]

## ACKNOWLEDGEMENTS

Question 11—ActionAid logo is reproduced by kind permission of ActionAid UK.

Question 11—World Vision logo is reproduced by kind permission of World Vision.

Question 11—WaterAid logo is reproduced by kind permission of WaterAid.

Question 11—The Oxfam logo on page 12, is reproduced with the permission of Oxfam GB, Oxfam House, John Smith Drive, Crowley, Oxford OX4 2JY, UK. **[www.oxfam.org.uk](http://www.oxfam.org.uk)**  
Oxfam GB does not necessarily endorse any text or activities that accompany the materials.